

Teisteanasan Nàiseanta

Beagan stiùiridh

Tha a' bhileag seo a' toirt seachad fiosrachaidh mu Theisteanasan Nàiseanta (NQan) ann an Alba agus ag innse mu fharsaingeachd nan teisteanasan a tha ann.

Tha Teisteanasan Nàiseanta air aon de na seòrsaichean teisteanais as fheàrr ann an Alba. Bidh teisteanas no teisteanasan aig a' chuid as motha de dhaoine a bhios a' fàgail na sgoile no na colaiste san latha a tha ann an-diugh. Bheir a' bhileag seo beagan lèirsinn dhut dè tha na teisteanasan a thug duine òg a-mach anns an sgoil a' ciallachadh ann am firinn.

Tha na Teisteanasan seo gam buileachadh le Ùghdarras Theisteanas na h-Alba (SQA) – buidheann nàiseanta na h-Alba airson theisteanasan.

Dè a tha ann an Teisteanasan Nàiseanta?

Tha Teisteanasan Nàiseanta air aon a-mach à trì prìomh sheòrsaichean de theisteanasan a bhios an SQA a' buileachadh. Is iad an dà sheòrsa eile teisteanasan Nàiseanta Àrd-ìre (a bhios tu a' gabhail ann an colaiste mar as trice) agus Teisteanasan Dreuchdail Albannach (a tha stèidhichte aig an obair).

Bidh oileanaich a' gabhail Theisteanas Nàiseanta sna h-àrd-sgoiltean agus ann an colaistean (agus ann an cuid de dh'ionadan-trèanaidh). Tha iad a' gabhail a-steach nan ceudan de chuspairean gus ùidhean agus sgilean nan uile a riarachadh, bho Cheimig gu Togail. Eachdraidh gu Solar, agus bho Choimpiutaireachd gu Cùram.

Is iad na seòrsaichean de Theisteanasan Nàiseanta a chì thu:

- Ìrean Coitcheann
- Aonadan Nàiseanta
- Cùrsaichean Nàiseanta
- Duaisean Buidhne

Ìrean Coitcheann

Bithear a' gabhail Ìrean Coitcheann mar as trice thairis air an treas agus a' cheathramh bliadhna sa chuid as motha de na h-àrd-sgoiltean. Bidh luchd-tagraidh gu math tric a' gabhail seachd no ochd de chuspairean, Matamataig agus Beurla nam measg.

Tha trì ìrean ionnsachaidh ann: Creideas, Coitcheann agus Bunaiteach. Mar as trice bidh oileanaich a' gabhail na deuchainn aig dà ìre – Creideas is Coitcheann no Coitcheann is Bunaiteach. Tha seo a' dèanamh cinnteach gum bi an cothrom as fheàrr aig na h-

oileanaich an rangachadh as àirde a thoirt gu buil. Tha an clàr a' sealltainn nan ìrean agus an rangachaidh a ghabhas toirt gu buil.

Ìre	Rangachadh
Creideas	1 no 2
Coitcheann	3 no 4
Bunaiteach	5 no 6
Cùrsa air a chrìochnachadh	7

Aonadan Nàiseanta

Is e a tha ann an Aonadan Nàiseanta dòigh gus Cùrsaichean Nàiseanta agus Duaisean Buidhne a thogail. Is e teisteanasan a tha annta fhèin cuideachd agus chaidh an dealbhadh gus 40 uair a thìde de theagasg a ghabhail gus crìoch a chur orra. Tha còrr is 3,500 de dh'Aonadan Nàiseanta rim faotainn.

Cùrsaichean Nàiseanta

Mar as trice tha Cùrsaichean Nàiseanta air an dèanamh suas de thrì Aonadan Nàiseanta agus sgrùdadh bhon taobh a-muigh (a dh'fhaodadh a bhith na dheuchainn no na mhìr-obrach air an dèan luchd-sgrùdaidh measadh). Tha Cùrsaichean Nàiseanta aig caochladh ìrean ann.

Ìrean

Cothrom 1, 2 agus 3

Chaidh Cothrom 1 a dhealbhadh airson luchd-tagraidh aig a bheil feum air mòran taice len cuid ionnsachaidh agus chaidh Cothrom 2 a dhealbhadh dhan fheadhainn nach eil feumach air uimhir de thaic. Faodar Cothrom 3 a chur an coimeas ri ìre Bhunaiteach nan Ìrean Coitcheann.

Tha ionnsachadh aig Cothrom 1, 2 agus 3 ga mheasadh leis an ionad fhèin – chan eil deuchainn ann.

Eadar-mheadhanach 1 agus 2

Is e a tha ann an Eadar-mheadhanach 1 agus 2 teisteanasan do dh'oileanaich a chuir crìoch air Ìrean Coitcheann, no air Cùrsaichean aig Cothrom 3. Airson cuid de dh'oileanaich tha Eadar-mheadhanach 2 na cheum air an t-slighe gu Àrd-ìre. Tha iad cuideachd freagarrach dhan fheadhainn a bhios ag iarraidh cuspair ùr a ghabhail san sgoil no sa cholaiste. Tha cuid de sgoiltean an-dràsta a tha a' tabhann Aonadan agus Cùrsaichean Eadar-mheadhanach seach Ìrean Coitcheann san dara, san treas agus sa cheathramh bliadhna.

Àrd-ìrean

Tha Àrd-ìrean ag amas gu h-àraidh air oileanaich a rinn an gnothach air cuspairean aig ìre Creideis nan Ìrean Coitcheann no air Cùrsa aig Eadar-mheadhanach 2. (Is dòcha nach bi feum aig inbhich a tha ag iarraidh Àrd-ìrean a ghabhail ann an colaiste air teisteanasan sam bith a bhith aca.)

Mar as trice, bidh feum air Àrd-ìrean gus dol a-steach bhon sgoil do dh'oilthigh no colaiste gus ceum no Teisteanas no Dioplòma Nàiseanta Àrd-ìre (HNCan no HNDan) a ghabhail.

Sàr-ìrean

Tha Sàr-ìrean ag amas air oileanaich a rinn an gnothach sna h-Àrd-ìrean agus mar as trice bithear gan gabhail san t-siathamh bliadhna san sgoil no ann an colaiste. Is e teisteanasan a chuireas gu mòr ris na sgilean agus an eòlas a fhuaras ri linn nan Àrd-ìrean a tha annta. Tha iad gu math feumail gus àite ann an oilthigh no fastadh fhaighinn.

Cùrsaichean Sgilean Obrach

Chaidh Cùrsaichean Nàiseanta Sgilean Obrach a thoirt a-steach fo sgeama pìolatach gus oileanaich aig an sgoil a bhrosnachadh gus eòlas a chur air saoghal na h-obrach. Tha tòrr ionnsachaidh nan lùib a tha stèidhichte air a bhith an sàs ann an obair phractaigich a tha ceangailte gu dìreach ri raon dreuchdail sònraichte agus bidh iad a' leasachadh eòlais agus sgilean a tha cudromach airson fastaidh. Tha iad rim faotainn aig caochladh ìrean agus mar as trice tha iad gan lìbhrigeadh le sgoil agus colaiste ag obair ann an com-pàrteachas.

Tha Cùrsaichean Sgilean Obrach gam measadh leis an sgoil no leis a' cholaiste – chan eil deuchainn fhoirmeil ann idir (ged a tha na measaidhean gan dearbhadh a thaobh càileachd le SQA).

Duaisean Buidhne

Tha Duaisean Buidhne Theisteanas Nàiseanta gan cruthachadh bho Aonadan Nàiseanta.

Duaisean Adhartais Nàiseanta (NPAn)

Tha NPAn deilbhte gus sgilean agus eòlas comharraichte ann an raointean dreuchdail sònraichte a mheasadh. Tha iad ceangailte ri Inbhean Dreuchdail Nàiseanta – bunait SVQan.

Tha NPAn ann bho Chothrom 2 gu Àrd-ìrean agus mar as trice bidh iad gan cleachdadh le colaistean airson phrògraman ionnsachaidh goirid, mar phrògraman pàirt-ùine dhan fheadhainn a tha ag obair a-cheana no do dhaoine a tha gun chosnadh.

Thèid NPAn a thoirt a-steach bhon t-Samhradh 2006.

Teisteanasan Nàiseanta

Bidh Teisteanasan Nàiseanta ag amas gu h-àraidh air an fheadhainn eadar aois 16 – 18 agus air inbhich a tha ann am foghlam làn-ùine, ann an colaiste mar as trice. Bidh iad ag ullachadh nan oileanach airson ionnsachaidh nas adhartaiche no airson fastaidh. Bidh Teisteanasan Nàiseanta rim faotainn bhon t-Samhradh 2006.

Ciamar a tha NQan gam measadh?

Bidh tidsearan agus luchd-òraid a' suidheachadh agus a' comharradh obrach airson nam measaidhean aonaid a rèir inbhean nàiseanta. Is e an rud a thathar a' toirt air an obair seo measadh bhon taobh a-staigh.

Tha a' chuid as motha de Chùrsaichean Nàiseanta bho Eadar-mheadhanach 1 gu Sàr-ìre a' toirt leotha measaidh bhon taobh a-muigh. Faodaidh seo a bhith mar dheuchainn, obair phròiseict no pasgan de dh'obair, a thathar a' crìochnachadh ri linn a' Chùrsa agus an uair sin ga chomharradh le SQA. Bidh cho math agus a shoirbhicheas leis an tagraiche sa mheasadh bhon taobh a-muigh a' comharradh an rangachaidh airson a' Chùrsa.

Tha Cothrom 2 agus 3 airson Chùrsaichean Nàiseanta Sgilean Obrach gam measadh le tidsearan no luchd-òraid agus chan eil deuchainn dheireannach ann idir air an son. Tha na comharraidhean gan sgrùdadh le SQA.

A' toirt a-mach Rangachaidh

Airson eadar-mheadhanach 1 gu Sàr-ìre

Tha rangachadh ga bhuileachadh a rèir cho math 's a shoirbhicheas leis an oileanach sa mheasadh bhon taobh a-muigh. Gus an gnothach a dhèanamh ann an Cùrsa, feumaidh oileanach soirbheachadh anns na trì Aonadan Nàiseanta uile agus rangachadh a thoirt a-mach anns a' mheasadh air an taobh a-muigh (far a bheil a leithid ann). Tha Eadar-mheadhanach 1 gu Sàr-ìre gam buileachadh aig Rangachadh A-D. Tha modh ath-thagraidh gu math farsaing ann airson nan oileanach nach d'rinn cho math agus a bhathas an dùil.

Chan eil rangachadh ann an Cothrom 2 agus 3 no ann an Cùrsaichean Nàiseanta Sgilean Obrach idir. Bidh oileanaich a' dèanamh a' ghnòthaich anns na h-Aonadan Nàiseanta dem bheil an Cùrsa air a dhèanamh suas gus an teisteanas a thoirt a-mach.

Sgilean Bunaiteach

Is e a tha ann an Sgilean Bunaiteach na sgilean riatanach a chuidicheas daoine tron cuid foghlaim, trèanaidh, obrach agus am beatha. Gu tric tha iad air am fighe a-steach mar phàirt de dh'Aonadan Nàiseanta agus de Chùrsaichean Nàiseanta gus nach bi aig luchd-

tagraidh ri measaidhean a bharrachd a shuidhe ach faodar an gabhail cuideachd mar Aonadan annta fhèin.

Is iad na Sgilean Bunaiteach

- Conaltradh
- Àireamhachd
- Fuasgladh Chuisteanan
- Teicneòlas Fiosrachaidh
- Ag Obair le Daoine Eile

Gheibh gach neach a choileanas teisteanas SQA Dealbh Sgilean Bunaiteach – clàr de na Sgilean Bunaiteach a thug iad gu buil – air an Dearbhadh Theisteanas Albannach aca.

Frèam Chreideas agus Theisteanas na h-Alba (SCQF)

Gus tuigse a bhith agad ciamar a tha na teisteanasan againn ceangailte, bidh feum agad air beagan fiosrachaidh mun SCQF.

Is e a tha anns an SCQF dòigh gus teisteanasan Albannach a thuigsinn agus a chur an coimeas a chèile. Tha e a' toirt leis NQan agus gach uile teisteanas eile bho SQA. Tha e a' dèanamh seo le bhith toirt seachad ìre teisteanais agus phuingean creideis. Tha iad seo a' sealltainn cho doirbh agus a tha an t-ionnsachadh airson teisteanais agus cho fada agus a bheir e an teisteanas a thoirt gu buil.

- Tha ìre teisteanais a' sealltainn cho doirbh agus a tha i. Tha 12 ìre ann an SCQF, bhon ìre as fhasa aig ìre 1 chun na h-ìre as duilghe aig ìre 12.
- Tha àireamh phuingean-creideis a' sealltainn na tha ri ionnsachadh gus an teisteanas a thoirt gu buil. Tha aon phuing-creideis co-ionann ri mu 10 uairean a thìde de dh'ionnsachadh (a' gabhail a-steach measaidh). Mar sin bidh oileanach a thug teisteanas gu buil le 24 puingean-creideis air mu 240 uair a thìde de dh'ionnsachadh a dhèanamh.

Tha ìrean agus puingean-creideis air na teisteanasan a bhios sinn a' toirt do dh'oileanaich.

Tha an clàr gu h-ìseal a' sealltainn mar a tha teisteanasan SQA agus an fheadhainn a bhios na h-oilthighean a' buileachadh a' fighe a-steach ann an SCQF.

Ìre SCQF	Aonadan Nàiseanta, Cùrsaichean agus Duaisean Buidhne SQA	Oilthighean agus colaistean	SVQ
12		Ollamhachdan	SVQ5
11		Ceum Maighstir	
10		Ceum le Urram	
9		Ceum Àbhaisteach	
8		Dioplòma Nàiseanta Àrd-ìre	

7	Sàr Ìre	Teisteanas Nàiseanta Àrd-ìre	SVQ4
6	Àrd-ìre		SVQ3
5	Eadar-mheadhanach 2 An Ìre Choitcheann- Creideas		SVQ2
4	Eadar-mheadhanach 1 An Ìre Choitcheann- Coitcheann		SVQ1
3	Cothrom 3 An Ìre Choitcheann - Bunaiteach		
2	Cothrom 2		
1	Cothrom 1		

Tuilleadh fiosrachaidh

Faodaidh an t-Ionad Luchd-cleachdaidh againn tuilleadh fiosrachaidh a thoirt seachad mu na teisteanasan air fad againn. Tha foillseachaidhean feumail eile ann cuideachd a ghabhas òrdachadh no luchdachadh sìos bhon làraich-lìn againn:

- Scottish Qualifications
FD2904 Màrt 2006
- HN – Qualifications of Choice
CC3141 Màrt 2006
- SVQs: a guide for employers
DD3133 Màrt 2006
- Appeals: how the system works
BA1879 Màrt 2006
- Introducing Advanced Higher
BD2803 Màrt 2006

Seòlaidhean lìn feumail:

www.sqa.org.uk
www.parentzonescotland.gov.uk
www.ltscotland.org.uk
www.sfeu.ac.uk